

Stiùireadh-measaidh Taic Freumhan Coimhearsnachd 2024-26 Taic Freumhan Coimhearsnachd 2024-26 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama mar [a tha ann san stiùireadh](#). Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 5 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme set out [in the guidance](#). If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 5 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Iarrtas taic-airgid airson £10,000 no nas lugha (airson pròiseactan nas fhaide na 12 mìos) no £5,000 no nas lugha (airson pròiseactan nas giorra na 12 mìos)
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a' phròiseict ri fhaighinn
- Pròiseact air tòiseachadh eadar Giblean is Dùbhlachd 2024
- Pròiseact a' crìochnachadh rè no ron Lùnastal 2026
- Fiosrachadh-taice riatanach air a chur a-steach
- Ainm air a chur ris an iarrtas le neach bho bhuidhinn
- Funding request of £10,000 or under (for projects over 12 months) or £5,000 or under (for projects 12 months or under)
- Funding request at or under 80% of total project costs
- Full projected income and expenditure outlined
- Project begins between April and December 2024
- Project ends during or before August 2026
- Required supporting documentation submitted
- Application signed by a person from the organisation

Molaidhean airson sgòradh fa-leth / Individual scoring recommendations

Bu chòir gach ball den phannal nochdadh aig a' chiad chothrom ùidh sam bith ann an gin de na h-iarrtasan tron sgeama. Ma tha ùidh aig ball ann an gin de na h-iarrtasan, cha bu chòir dhaibh an t-iarrtas sin a mheasadh.

Any panel member should register any interest they may have in any of the scheme's application as soon as possible. If a panel member has an interest in any application, they should not assess that application.

Bu chòir gach ball den phannal na h-iarrtasan a sgòradh a rèir an stiùiridh gu h-ìosal. Thathar an dùil gum bi sgòr de cho-dhiù 60% gu h-iomlan a dhìth airson iarrtas a bhith airidh air moladh taic-airgid.

Each individual panel member should score applications in accordance to the guidance below. It is expected that a score of at least 60% overall is required for an application to be eligible for a funding recommendation.

Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a' comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1
Glè làidir / Very strong	Làidir / Strong	Math / Good	Lag / Weak	Glè lag / Very weak

Buaidh a' Phròiseict		Project Impact	
Inbhe agus freagarrachd a' phròiseict	25%	Project eligibility and quality	<ul style="list-style-type: none"> How clearly set out is the project idea/scope? How beneficial could the project be for Gaelic usage in the local community if it was funded? How well does the project seek to involve the local community? Does the project have clear goals in what it hopes to achieve? If this is a continuation of a previous project, is it clear how the project will build on previous results?
<ul style="list-style-type: none"> Dè cho soilleir is a tha beachd/raon-obrach a' phròiseict air a chur an cèill? Dè cho buannachdail agus a bhiodh am pròiseact do chleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha? Dè cho math agus a tha am pròiseact ann a bhith ag obair leis a' choimhearsnachd ionadail? A bheil amasan soilleir aig a' phròiseact airson na tha e ag iarraidh a choileanadh? Mas e pròiseact leantainneach a th' ann, a bheil e soilleir mar a bhios am pròiseact a' togail air toraidhean a fhuair e roimhe? 			
Amasan na Maoine	25%	Aims of the fund	<ul style="list-style-type: none"> How well does the application meet the specific aims of the fund listed? How well does the application consider the impact of the project locally in supporting the #cleachdi campaign? How many people will use Gaelic as part of the project? Will the project create new opportunities to use Gaelic? Will the project have a legacy in terms of Gaelic usage?
<ul style="list-style-type: none"> Dè cho math 's a tha an t-iarrtas a' coileanadh amasan sònraichte na maoine a tha air ainmeachadh? Dè cho math agus a tha an t-iarrtas ann a bhith a' sealltainn buaidh ionadail ann a bhith cur air adhart iomairt #cleachdi? Cia mhead daoine a bhios cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt den phròiseact? A bheil am pròiseact a' cruthachadh cothroman ùra agus Gàidhlig a chleachdadh? Am bi dileab aig a' phròiseict a thaobh cleachdadh na Gàidhlig? <p>A bheil an t-iarrtas a' coileanadh gnìomhan sònraichte ann am Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23? (Tha iad seo air ainmeachadh aig deireadh an stiùiridh seo)</p> <p>Dè cho math agus a bhiodh am pròiseact a' coileanadh nan amasan de bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig 		<p>Does the application achieve specific actions of the Bòrd na Gàidhlig Corporate Plan 2018-23? (These are outlined at the end of this guidance)</p> <p>How well would the project achieve the aims of:</p> <ul style="list-style-type: none"> Increasing Gaelic usage Increasing Gaelic learning Promoting a positive image of Gaelic 	
Libhrigeadh a' Phròiseict		Delivering the Project	
Comas libhrigidh	10%	Ability to deliver	<ul style="list-style-type: none"> Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the project successfully? Has the organisation successfully performed Bòrd na Gàidhlig funding contracts previously? How much of the project will be delivered through the medium of Gaelic? Does the individual/team delivering the project have good Gaelic ability? Is it clear from the application how the work will be undertaken?
<ul style="list-style-type: none"> A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am pròiseact a libhrigeadh gu soirbheachail? A bheil a' bhuidheann air cùmhnanntan le taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh gu soirbheachail roimhe)? Cia mhead den phròiseact a thèid a' libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig? A bheil comasan Gàidhlig math aig an neach/sgìoba a bhios a' libhrigeadh a' phròiseict? 			

- A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh?
- Am bi am buidseat iomchaidh airson am pròiseact a libhrigeadh gu tùr?
- Am bi an clàr-ama airson am pròiseact a libhrigeadh gu tùr?

Mur eil am pròiseact air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gu tur no sa mhòr-chuid, 's e 4 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.

- Is the budget reasonable to deliver the project fully?
- Is the project timeline reasonable to deliver the project fully?

If the project is not delivered through entirely or mostly delivered the medium of Gaelic, then the maximum score is 4.

Sgrùdadh is measadh a' phròiseict

10%

Project monitoring and evaluation

- Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson measadh na h-obrach aca?
- A bheil targaidean soilleir is ruigsinneach aig an tagraiche?
- A bheil e soilleir mar a bhios an tagraiche a' tional fios air ais bhuapasan a gheibh buannachd bhon phròiseact (b' fheàrr gun robh am fiosrachadh seo a' buntainn do ghnìomhan Plana Corporra a' Bhùird)?
- A bheil a' bhuidheann air na dleastanasan aice a choileanadh a thaobh aithisgean is a bhith a' toirt fiosrachadh seachad dhan Bhòrd airson pròiseactan a fhuair taic-airgid roimhe?

- How strong are the applicant's plans to assess their work?
- Does the applicant have clear and achievable targets?
- Is it clear how the applicant will collect feedback from beneficiaries (ideally information relating to Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan actions)?
- Has the organisation performed its duties in terms of returning reports and providing information to the Bòrd for projects that have previously received funding?

Ionmhais/Luach an airgid

15%

Finance/Value for money

- Am bi tòrr dhaoine a' faighinn buannachd bhon airgead a thathar a' sireadh?
- A bheil buidseat a' phròiseict reusanta airson a leithid agus e a' coimhead air dòighean gus cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile (a' gabhail a-steach com-pàirtichean)?
- Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- Ciamar a tha am pròiseact a' sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana?

- Will many people benefit in relation to the funding requested?
- Is the budget for the project reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources (including participants)?
- Will this funding be managed and used effectively?
- How does this project show improvement over previous projects that have been awarded funding?

Àrainneachd, Co-ionannachd, Iomadachd & Inghabhalachd

10%

Environment, Equalities, Diversity & Inclusion

- Dè cho mòr 's a bhios a' bhuidheann aig a' phròiseact air an àrainneachd (gu h-àraid a thaobh siubhail)?
 - A bheil an t-iarrtas a' sealltainn mar a bhios am pròiseact a' gabhail cothrom gus a' bhuidheann air an àrainneachd a lùghdachadh?
 - A bheil poileasaidh no aithris àrainneachd aig a' bhuidheann?
 - A bheil an t-iarrtas a' toirt chothroman do dhaoine òga fo chùram agus, ma tha, dè cho math 's a tha e a' freagairt nam feumalachdan aca?
 - A bheil an t-iarrtas a' nochdadh aire air dleastanasan co-ionannachd agus a' toirt chothroman do dhaoine le feartan dìante a bhith a' dol an sàs leis a' Ghàidhlig?
- Mur eil freagairt sam bith ann, thoir seachad sgòr de 0.*

- How much of an environmental impact will the project have (particularly with regard to travel)?
 - Does the application show how the project will attempt to minimise its environmental impact?
 - Does the organisation have an environmental policy or statement?
 - Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?
 - Does the application show awareness of responsibilities in terms of equalities and provide opportunities to engage with Gaelic for people under protected characteristics?
- If no answer is provided score 0.*

Ma tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil iad air aire a thoirt do na ceistean ach nach bi am pròiseact a' tabhann chothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra & co-ionannachdan, thoir seachad sgòr de 2. Mur eil an t-iarrtas a' beachdachadh air na riatanasan uile a thaobh àrainneachd, co-ionannachd agus Pàrantan Corporra, 's e an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad 4.

If the application shows appropriate consideration of the questions but that it will not specifically offer opportunities in relation to Corporate Parenting & equalities, then score 2.

If the application does not consider all of the environment, equalities and Corporate Parenting the maximum score is 4.

Aithneachadh taic-airgid

5%

Acknowledging funding support

- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gu follaiseach gu bheil deagh thuigse air an tagraiche air na riaghailtean a thaobh aithneachadh taic-airgid?
- A bheil an t-iarrtas ainmeachadh dòighean iomchaidh airson taic-airgid aithneachadh?
- Ma tha am buidheann air taic-airgid fhaighinn bhon Bhòrd a-cheana, a bheil iad air na dleastanasan aca a choileanadh a thaobh aithneachadh taic-airgid?

- Does the application clearly show the applicant understands the requirements of acknowledging funding support?
- Does the application show appropriate ways of acknowledging funding support?
- If the organisation has received Bòrd funding previously, have they fulfilled their duties in acknowledging funding?

Bidh sgòr iomlan an uair sin air a ruighinn le bhith ag iomadachadh sgòr a-mach à 5 airson gach slat-tomhais le cuideam gach slat-tomhais, agus iad seo a chur còmhla, mar a chithear san eisimpleir gu h-ìosal.

A final score is then provided by multiplying each criteria's score out of 5 by the weight of each criteria, and adding these together, as exemplified below:

Slat-tomhais / Criteria	Sgòr / Score	Cuideam / Weight	Sgòr le cuideam / Weighted score
Inbhe a' phròiseict / Project quality	5/5	25%	25%
Amasan na maoine / Aim of the fund	4/5	25%	20%
Comas lìbhrigidh / Ability to deliver	3/5	10%	6%
Sgrùdadh is luachadh / Monitoring and evaluation	2/5	10%	4%
Luach an airgid / Value for money	3/5	15%	9%
ACII / EEDI	4/5	10%	8%
Aithne / Acknowledgment	3/5	5%	3%
IOMLAN / TOTALS		100%	75%

Measadh mar phannal / Panel assessment

Às dèidh do bhuill a' phannail na h-iarrtasan a mheasadh, thig iad còmhla gus aonta a ruighinn air:

- A bheilear a' moladh taic-airgid dhan iarrtas?
 - Ma tha:
 - Dè an t-sùm airgid a thathar a' moladh?
 - A bheil cumhaichean no prìomh chomharran coileanaidh (PCCan) ri mholadh airson an aonta
 - Mura h-eil, carson nach eil an t-iarrtas freagarrach?

Thèid na molaidhean seo, is sùm chuibheasach sgòran gach buill fa-leth, a chur dhan Sgioba Stiùiridh.

After the panel members have assessed each application, they will meet to reach an agreement on:

- Is support recommended for the application?
 - If so:
 - What sum is being recommended?
 - Are there any conditions or key performance indicators (KPIs) to be recommended for the agreement?
 - If not, why is the application not suitable?

These recommendations, along with the average scores of panel members, will be put to the Senior Management Team.

Airson gach iarrtais a tha am pannal-measaidh a' moladh dhan Sgioba Stiùiridh, faodaidh iad moladh gum bithear a' tabhann sùim taic-airgid a tha nas lugha na an t-sùim a chaidh iarraidh chun na h-ìre a tha am pannal den bheachd gum bi an t-sùim:

- 1) A' toirt seachad luach an airgid do Bhòrd na Gàidhlig
- 2) Fhathast a' leigeil leis a' phròiseact tachairt (fiù ach pàirt dheth)

For each application that the assessment panel recommends to the Senior Management Team, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum to the extent that the panel believes the amount provided:

- 1) Delivers value for money for Bòrd na Gàidhlig
- 2) Will still allow the project to continue (even if in part)

Ma tha barrachd taic-airgid air a mholadh dha pròiseactan na tha comasach a thaobh buidseat, bu chòir na molaidhean dhan Sgioba Stiùiridh a bhith air an dèanamh a-rèir sgòr iomlan a' phannail ach cuideachd gu bheil pròiseactan freagarrach air am maoinachadh ann an diofar sgìrean den dùthaich (m.e. dearbhadh gu bheil farsaingeachd de phròiseactan ann a-rèir cruinn-eòlas, cuspair).

If more funding is recommended for projects than budget will allow, the recommendations to the Senior Management Team should be made on the basis of the panel's total score for projects and any other relevant factors (e.g. ensuring a proportionate range of projects geographically, by subject).

Tha stiùireadh ri fhaighinn gu h-ìosal a thaobh tabhann airgid ann an diofar shuidheachaidhean. Dh'fhaodadh an stiùireadh seo a dhearmad, ge-tà, ma tha adhbhar sònraichte air a shon:

Guidance is available below to support funding awards in different circumstances. This guidance can be disregarded however if there are special circumstances for doing so:

Clasaichean Gàidhlig / Gaelic classes	
Taic-airgid san uair do dh'oidean Gàidhlig Funding per hour for Gaelic tutors	Suas ri £20 gach uair Up to £20 per hour
Taic-airgid a thathar an dùil bho chìsean no bunan eile Income expected from fees or other sources	£3 gach neach gach seisean £3 per person per session
Uas-mheud airson taic-airgid Maximum funding	£150 gach neach gach bliadhna £150 per person per year

Turasan / Trips	
Taic-airgid a thathar an dùil bho bhunan eile Income expected from other sources	£20 gach neach gach là £20 per person per day
Uas-mheud airson taic-airgid Maximum funding	£75 gach neach gach là £75 per person per day

Co-dhùnidhean Sgioba Stiùiridh / Senior Management Team decision

Bidh Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' tighinn gu co-dhùnadh air na h-iarrtasan uile, a thaobh a bheilear a' toirt seachad taic-airgid no nach eil, agus ma tha an t-iarrtas soirbheachail dè an t-sùim a bhithear a thabhann is cumhaichean no PCCan ri chur san aonta.

Faodaidh an Sgioba Stiùiridh dol an-aghaidh molaidhean a' phannail gu tur no ann am pàirt.

Dh'fhaodadh gun iarr an Sgioba Stiùiridh tuilleadh fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh, no dh'fhaodadh gun aontaich iad ri iarrtas "ann am prionnsapal", far am bi rudeigin ri choileanadh mus tèid taic aontachadh dhan a' phròiseact.

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team will make the final decision on all applications, whether to award funding, what sum to award, and any conditions or KPIs for successful applications.

These decisions may disagree with recommendations of the panel, either in full or in part. The Senior Management Team may request further information to reach a decision, or may agree an application "in principle", whereby a condition must be fulfilled before support is agreed for the project.

Cleachdadh na Gàidhlig		Using Gaelic
U1	A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh	Identifying, through research, barriers to usage and strategies to overcome these
U2	A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann	Developing strategies which are tailored to the distinct needs and opportunities of rural and urban communities, leading to stronger Gaelic communities
U3	A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean	Increasing opportunities for young people to develop work-related skills, and the economic impact of Gaelic, through collaboration with enterprise and skills agencies
U4	A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga	Supporting organisations and individuals to provide more and better activities, events and resources by and for young people
U5	A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach	Developing initiatives in partnership with public, private and third sector organisations which increase Gaelic usage in the workplace
U6	A' cuideachadh le bhith a' cur ri comasan, sgilean agus seasmachd ann an roinn nan ealain	Helping to increase capacity, skills and sustainability in the arts
U7	A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca	Encourage more and better opportunities for families to use Gaelic in the home
U8	A' toirt maoinachadh do dh'iomairtean a bhios a' neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chàinain	Funding initiatives which strengthen language richness, relevance and consistency
Ionnsachadh Gàidhlig		Learning Gaelic
L1	A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig	Advising on policy development and lead on strategy development for Gaelic education
L2	Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG	Working with groups of parents and relevant organisations to increase the provision of GME
L3	A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean	Developing initiatives with partners to increase the impact of early years' support for families

L4	A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a chruthachadh is a libhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach	Supporting partners to develop and deliver professional learning with the aim of increasing the size of the workforce and skill levels
L5	A' cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson ìrean nas adhartaiche a chuidicheas inbhich gu bhith a' ruighinn fileantachd	Collaborating with MG ALBA to develop further learner and tutor resources at a more advanced level on LearnGaelic. scot to bring more adults to fluency
L6	A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'inbhich	Encouraging the application of technological advances to deliver more effective and increased adult learning
L7	A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin	Supporting and promoting career opportunities and professional learning for professional and support staff in education
A' cur air adhart na Gàidhlig		Promoting Gaelic
P1	A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig	Driving greater impact from Gaelic Language Plans and supporting Public Authorities to promote their work for Gaelic
P2	A' toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a' Ghàidhlig	Participating in responding to public consultations on areas which affect Gaelic
P3	A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh	Influencing national and international events and celebrations, such as The Year of ... to ensure Gaelic is featured prominently
P4	A' dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a' tuigsinn agus a' mothachadh do na teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig	Ensuring positive messages about Gaelic are understood by the media
P5	Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig	Working with partners to develop and delivering campaigns which support Gaelic learning and usage
P6	Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig	Working with education and skills development agencies to communicate the place of Gaelic in Scotland, the career opportunities it provides and the benefits it brings to speakers
P7	A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig	Developing strategies which ensure that Bòrd na Gàidhlig maximises its impact through ambassadors